


A fhleasgaich òig as ceanalta

Gleus D

Sèisd

Bho bheul aithris



A fhleasgaich òig as cean-al - ta, 'S tu leannan nan deas ghruag- ach; Do



ghaol a rinn mo shàr- ach-adh 'S tha bhlàth siud air mo shnuadh- sa.

Rannan:

1. Cha Ghall a tha 'nam leannan-sa
Chan Aranach 's cha Tuathach,
Ach 's ann am Muile dh'àraicheadh
MacPhàil an leadain dualaich.
2. Shiùbh'linn fad o m' dhaoine leat
Air long 's a h-aodach suas rith',
Cho fad 's a chuireadh gaoth sinn
'Gar saodachadh thar chuantan.
3. Shiùbh'linn fada, fada leat,
Cho fad 's an t-Eilean Uaine,
Nan gealladh tu nuair thilleamaid
An snaim a chur nach fuasgladh.

An t-sèisd aig an toiseach 's aig an deireadh a-mhàin.

Gaelic stresses and vowel values take precedence over musical notation.